

Ionnsachadh Eadar-chuspaireil (IEC): ionnsachadh àrd-amasach airson saoghal a’ fàs nas ioma-fhillte

Pàipear smaoineachaidh bho Foghlam Alba, NoTosh agus sgioba Co-
Dhealbhadh bho air feadh na h-Alba

[Ro-ràdh](#)

[Àrd-](#)

[shealladh](#)

[COVID-19](#)

[Dè th’ ann an IEC?](#)

[Prìomh Dhùbhlain agus molaidhean](#)

[An duine slàn - eòlas, sgilean agus sunnd](#)

[Farsaingeachd fad-bheatha ann an ionnsachadh](#)

[Ag ionnsachadh le adhbhar, còmhla ri com-pàirtichean](#)

[Molaidhean](#)

[’S e Ionnsachadh a th’ ann an IEC](#)

[Tuilleadh air “cosnachadh”: smaoineachadh domhain agus ionnsachadh domhain](#)

[Ionnsachadh co-obrachail, còidseachan nan tidsearan](#)

[Amasan co-roinnte, seach amasan deachdaichte](#)

[Molaidhean](#)

[A’ ruigsinn àrd-amasan, a’ gabhail a-steach chothroman agus a’ togail misneachd](#)

[Tha dùbhlain a’ toirt ionnsachadh àrd-amasach gu buil, a’ fosgladh chothroman](#)

[A’ togail misneachd tro chànan cho-roinnte](#)

[Molaidhean:](#)

[Iomraidhean](#)

[Com-pàirtichean anns an Sgioba Co-Dhealbhadh](#)

Ro-ràdh

Àrd-shealladh

Ged a tha e aig cridhe Curraicealaim airson Sàr-mhathais na h-Alba (CfE), chan eil ionnsachadh eadar-chuspaireil (IEC) fhathast na dhòigh-ionnsachaidh làitheil anns a h-uile sgoile na h-Alba. Tha e ann, agus 's e dòigh smaoineachaidh agus ionnsachaidh a th' ann aig am biodh buaidh mhòr air com-pàirteachadh agus coileanadh nan oileanaich ach gu bheil a chur an gnìomh agus chàilidheachd mì-chòrdail. Tha ceistean fhathast ann airson iomadh teagaisgear air dè th' ann no nach eil ann, ciamar a thèid a phlanadh gu h-èifeachdail còmhla ri co-obraichean, agus càite anns a' phròiseas ionnsachaidh a thigeadh e.

Chaidh Aithris Ath-nuadhaichte air Curraicealaim na h-Alba a chur air bhog anns an t-Sultain 2019. Tha e ag amas air

- na buaidhean CfE a chomharrachadh agus misneachd a thogail airson leasachadh san àm ri teachd;
- cothroman a làn-mheudachadh agus a leasachadh gus coinneachadh ri dùilean an luchd-ionnsachaidh againn;
- smaoineachadh ùr air curraicealam na h-Alba a bhrosnachadh;
- pàirt a ghabhail ann an conaltradh proifeasanta airson dealbhadh a' churraicealaim agus ùr-ghnàthachas a bhrosnachadh, a cho-roinneadh agus àrach.

'S e co-phàirt ro-chudromach a th' ann an Ionnsachadh Eadar-chuspaireil (IEC) gus na ceithir seo a ruigsinn, agus tha feum aige air oidhirp làidir bhon a h-uile neach san dreuchd gus tuigsinn dè th' ann agus ciamar a ghabhas a-steach ann am planadh, eòlas-teagaisg agus dòigh-smaoin a bhios a' fosgladh chothroman nas motha airson luchd-ionnsachaidh. Tha am feallsanachd seo air a mheudachadh a bharrachd leis gu bheil nàdar an t-saoghail a' fàs nas ioma-fhillte agus eadar-chuspaireil: ann am beatha, ann an gnothachas agus ann an cùisean poblach. 'S e speisealachadh a' chuspair a bh' air cùl linntean oidhirp an fhoghlaim, ach 's e iol-dànaich, luchd-coitcheann agus luchd-smaoin 'T' aig a bheil smaoineachadh eadar-chuspaireil a tha a dhìth thar a' bhùird gus ciall a dhèanamh à cùisean na cruinne a tha fàs nas ioma-fhillte.

San Fhaoilleach 2020, thug Foghlam Alba cùmhnant do [NoTosh](#), buidheann a tha an sàs ann an smaoineachadh air dealbhachadh, gus sreath de thachartasan a dhealbhadh gu co-obrachail airson curraicealam a cho-dhealbhadh ann an dòigh chruthachail, agus gus sreath mholaidhean a dhèanamh bhon dreuchd, airson na dreuchd.

Ghabh riochdairean bho ùghdarrasan ionadail agus com-pàirtichean nàiseanta trì làithean os làimh air dealbhachadh a' churraicealam, a' smaoineachadh air dà chuspair: Slighean Luchd-ionnsachaidh agus Ionnsachadh Eadar-chuspaireil. Is e seo ar pàipear air Ionnsachadh Eadar-

chuspaireil (IEC).

Tha ar beachdan a' sealltainn air trì prìomh lèir-smaointean;

- An duine slàn - eòlas, sgilean agus sunnd
- 'S e Ionnsachadh a th' ann an IEC
- A' ruigsinn àrd-amasan, a' gabhail a-steach chothroman agus a' togail misneachd

COVID-19

Bhathar an dùil ris an t-seisean mu dheireadh cosnachadh IEC againn anns an t-seachdain dhan tòisich a' ghlasadh-sluaigh ann an Alba. Nuair a chaidh sgoiltean air feadh na h-Alba a dhùnadh air sgàth a' ghalair mhòr-sgaoilte Covid-19, thug sinn ùine dhan com-pàirtichean dealbhachaidh againn gus na coimhearsnachdan aca a stiùireadh tron àm dùbhlach romhpa. Ach air an taobh eile, bha feum ann airson ionnsachadh aig an taigh a dhèanamh cho beartach agus inntinneach 's a b' urrainn dha a tharraing ùidh an luchd-pàirteachaidh againn air ais gu IEC: tha fianais naidheachdail agus bho rannsachadh tòiseachail a' sealltainn gun robh na h-eòlasan ionnsachadh dhachaigh as soirbheachail eadar-chuspaireil, a thog air ùidhean chloinne agus òganaich agus a thug dhaibh fèin-ùghdarras airson obrachadh a-mach planadh airson an ionnsachaidh aca fhèin (Huang, R.H. et al. (2020).

Thug sinn ar luchd-pàirteachaidh còmhla ann an dà sheisean ghoirid air loidhne gus tarraing an ion-chur aca gu ceann, agus thàinig na co-dhùnidhean a thàinig a-mach ron ghalair mhòr-sgaoilte gu fòcas nas gèire.

Tha sinn daingeann nach tèid foghlam ann an Alba 'air ais' gu na bha ann roimhe. Tha sinn a' faicinn an t-sreatha dhrùidhteach de ghoireasan a thaisbean sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail gach latha tron èiginn seo gus sealltainn mar a ghabh òganaich agus an luchd-teagasg aca an dùbhlach seo an grèim, agus tha e follaiseach gun do shoirbhich mòran òganaich. Ach, tha fios againn nach b' e seo an t-eòlas a bh' aig gach òganach. 'S dòcha gun do ath-nochd neo-ionannachdan.

Aig an aon àm, tha sgeulachdan naidheachdail tràth ann mu dheidhinn cuid de dh'òganaich a shoirbhich barrachd tro eòlasan ionnsachaidh aig an taigh, a bha san fharsaingeachd stèidhichte air cleachdaidhean IEC co-chòmhradhail, co-obrachail agus fosgailte (Li, 2020). Chan eil an "seann" dhòigh a' tighinn ri gach neach-ionnsachaidh, agus chan obraich an "àbhaisteach ùr" anns an robh sinn san earrach airson a h-uile duine nas motha. Mar sin, 's dòcha gum bi sgoiltean airson beachdachadh air mar a dh'obraicheas prògraman airson an dà thaoibh.

Tha cothrom ann airson togail air ùr-ghnàthachas agus builean matha a chruthaich cuid a dh'aindeoin na h-èiginn, agus airson dèanamh cinneach gu bheil cothrom aig a h-uile òganach ann an Alba gus ath-leumachd, sgil agus cumadh-inntinn a thogail a bhios gam brosnachadh gus barrachd grèim a chumail air an ionnsachadh aca fhèin.

Chòimhead sinn mar a b' fheudar do bhuidhnean agus an luchd-obrach aca an cuid sgilean agus tionnsgnadh a chleachdadh gus freagarrachadh airson maireann beò. Bha an comas seo leis am faodar dèiligeadh ri agus freagarrachadh ri cugallachd na beatha san 21^{mh} linn mar phrìomh bhun-bheachd air feadh nan còmhraidhean sa bhuidhinn a bha a' beachdachadh air IEC. An-diugh, 's dòcha barrachd na dh'fheumadh iad riamh roimhe, feumaidh sgoiltean a bhith nan àitichean far am bi daoine òga ag ionnsachadh agus a' leasachadh eòlas beartach ach cuideachd na sgilean leis am faod iad soirbheachadh ann an àm ri teachd a tha, barrachd is barrachd, de leithid nach gabh ro-innse. Cha bhi an t-ionnsachadh sin na shuidhe, agus cha bu chòir dha a bhith na shuidhe, a-mhàin taobh a-staigh crìochan is cuibhreachaidhean cuspairean traidiseanta sgarta.

Tro ghnàth-eòlas fìor-bheatha, tha sinn air ionnsachadh mun luach a bhios gach duine fa leth a' cur ris a' chomann-shòisealta againn. Tha fios againn le cinnt a-nis gu bheil, ann an amannan èiginn, ath-leumachd, smaoinichadh dealbh mòr, comas conaltraidh agus cruthachas an neach-bùtha no neach-cùraim a cheart cho luachmhor dhuinn 's a tha iadsan a tha an sàs ann an co-èigineachadh an lagha no ann an dreuchdan meidigeach: bu chòir gu bheilear ag aithneachadh seo anns na bhios sinn a' cur luach air ann an sgoiltean na h-Alba an-diugh. Nì eòlas ionnsachaidh gach pàiste aig sgoil an-diugh, agus an comas aca ionnsachadh gu luath bho eòlasan domhain, cò-dhùnaidh air dè cho math 's a dhèiligeas sinn le dùbhlain san àm ri teachd.

'Tha sgilean aig teas-mheadhan ghnòthaichean airson fàs eaconamach a choileanadh, ann an dòigh sheasmhach agus air a stiùireadh le tionnsgnadh, agus airson in-ghabhail shòisealta', OECD (2020)


Dè th' ann an IEC?

'S e cuspair dheasbaid a bh' ann am mìneachadh agus aontachadh dè th' ann an IEC airson ùine mhòr agus bha buaidh aig seo air a chur an gnìomh. Tha luchd-brìgh na cruinne mar OECD, mar eisimpleir, a' bruidhinn air IEC mar aon cruth air ionnsachadh thar a' churraicealam. Bha an deasbad air mìneachadh na phàirt mhòr de dh'obair na buidhne co-dhealbhachaidh. 'S e na tha a' leantainn an seo mìneachadh na buidhne air IEC.

'S e eòlas suidhichte a th' ann an **Ionnsachadh Eadar-chuspaireil** a tharraing diosaplainean còmhla ann an aon phrògram no phròiseact co-thàthach. Tha na diofar diosaplainean a' dèanamh planadh agus gnìomhachadh mar aon. 'S dòcha gum bi na diosaplainean seo uile ann an aon roinn a' churraicealaim (m.e. cànanan, na saidheansan) no eadar iomadh roinn a' churraicealaim. Tha IEC a' brosnachadh cloinne agus òganaich gus

- eòlas no sgilean ùra ionnsachadh, agus tuigse ùr nan coincheapan a leasachadh;
- togail air ro-eòlas, tuigse agus sgilean;
- an eòlas air fad seo a ghluasad agus a chleachdadh air dùbhlain ùra no roinn ionnsachaidh eile.

Tha seo eadar-dhealaichte, mar eisimpleir, bho ionnsachadh a thachair nuair a tha iomadh diosaplain no chuspair ceangailte tro tèama no mion-chuspair, ach tha eòlas an neach-ionnsachaidh agus planadh an neach-teagaisg air sgaradh anns gach diosaplain no cuspair. Thathar ag ràdh **ionnsachadh ioma-chuspaireil** ri seo.

 Riatanach ✓ : Faodar a ghabhail a-steach	Ionnsachadh Eadar-chuspaireil (m.e. iomadh chuspair a' co-obrachadh air aon phròiseact)	Ionnsachadh Ioma-chuspaireil (m.e. iomadh chuspair a' cur ri pròiseact)
Tha luchd-teagasg bho diofar roinnean a' churraicealaim a' planadh còmhla.	✓	✓
Tha ionnsachadh ann an frèam phròiseactan, agus 's dòcha gu bheil a' cleachdadh uidheaman agus dòighean-obrach Ionnsachadh Stèidhichte air Pròiseact.	✓	✓
Tha planadh a' dèanamh ceangal eadar diosaplainean agus builean a' phròiseact thar na ceithir co-theacsaichean.	✓	✓
Tha eòlas, tuigse agus sgilean an diosaplain riatanach agus air an stiùireadh a dh'ionnsaigh builean a' phròiseict.	✓	
Thathar a' tar-aiseag agus a' cleachdadh ro-eòlas agus sgilean airson dùbhlain, trioblaidean no co-theacsaichean ùra.	✓	✓
Thathar a' coinneachadh ri eòlas agus sgilean ùra.	✓	✓
Tha luchd-ionnsachaidh a' gabhail ùine gus beachdachadh air na ceanglaichean eadar diosaplainean.	✓	
Tha luchd-ionnsachaidh a' ruigsinn gach buil a' cleachdadh iomadh diosaplain.	✓	
Tha measadh air an ionnsachadh co-roinnte eadar na diosaplainean.	✓	

Priomh Dhùbhlain agus molaidhean

An duine slàn - eòlas, sgilean agus sunnd


Farsaingeachd fad-bheatha ann an ionnsachadh

Tha diosaplainean fa leth a' toirt cothroman matha do òganaich airson doimhneachd agus speisealachadh fhaighinn, ach 's dòcha gun tig le bhith caill a-mach air dol an sàs dà-sheaghachas an dùbhlain ris an coinneachadh iad ge bith dè an t-slighe aca san t-saoghal. Chaidh iomadh diosaplaine a sgaradh bhon a bhith a' briseadh a' churraicealam eadar chuspairean, a' dèanamh ionnsachadh farsaing, eadar-chuspaireil doirbh a ruigsinn.

Bhiodh 82% de dh'fhastaidhearan an luchd-ceuma a' beachdachadh air luchd-ceuma thàr a h-uile cuspair a' cheuma (Comann Rìoghail Dùn Èideann, 2019). Tha diosaplainean cudromach, ach tha an comas airson smaoineachadh a chleachdadh ann an diofar diosaplainean cudromach cuideachd. Tha àireamhan nas motha ionadan foghlaim adhartach agus àrd-ìre a' cruthachadh cùrsaichean eadar-chuspaireil a tha an dòchas ri barrachd daoine 'cruth-T' a leasachadh (Heikkinen, 2018; Saviano et al 2016). Tha bàr dìreach an litir T a' riochdachadh doimhneachd ann an cuspair no diosaplain, leis a' bhàr fàireil a' foillseachadh comas co-obrachaidh thar dhiosaplainean. Ann an Alba, bhathar a' cleachdadh meatafor de cholbhan agus àrd-dorsan gus an aon beachd fhoillseachadh:

Tha e riatanach do dh'obair eadar-chuspaireil gum bi a h-uile cuspair fhathast stèidhichte air colbhan domhain agus co-leantaileach de dh'eòlas agus tuigse. Cha bhi dian agus feum aig tuigse eadar-chuspaireil mura h-eil e na pàirt de structar far a bheil na diosaplainean nan colbhan agus obair eadar-cuspaireil marna h-àrd-dorsan. Gun na colbhan, tuitidh na h-àrd-dorsan. Tha taic aig na colbhan agus na h-àrd-dorsan seo bho bhunaitean - comasan gnàthach, deasachdan, eòlas, sgilean agus dòighean-obrach ann agus thar chuspairean, a' gabhail a-steach litearrachd agus àireamhachd bunaiteach.

Graham, C. (2019)



[Teacsa anns an dealbh: Ionnsachadh Eadar-chuspaireil:

Eòlas & tuigse a' chuspair

Eòlas & tuigse a' chuspair

Eòlas & tuigse a' chuspair

Eòlas & tuigse a' chuspair

Sgilean Stèidh: comasan gnàthach,
deasachdan, eòlas, sgilean agus dòighean-obrach

Leasaichte às dèidh Graham (2019)]

Airson eòlasan eadar-chuspaireil a chruthachadh a thoirt còmhla farsaingeachd nan diosaplainean, feumaidh sgoiltean ùine mhòr cho-phlanadh a chruthachadh airson luchd-teagasg thar nan diosaplainean, a' solarachadh ùine agus teòmachd airson sgilean a thogail air an son san dreuchd, agus a' cur barrachd cuideam ann an tùs-thrèanadh thidsearan air ceàird planaidh agus taic a thoirt do IEC san t-seòmar theagasg.

Thairis air Foghlam Farsaing Coitcheann, bho thràth bhliadhnaichean gu S3, feumaidh teisteanasan ioma-fhillteachd ionnsachadh eadar-chuspaireil a riochdachadh: tha feum againn air barrachd theisteanasan air an dealbhadh airson eòlasan a dh'fheumas òganaich, an àite na tha furasta stiùireadh agus rianachadh. Tha beagan de chùrsaichean agus teisteanasan a ruagadh gu frogail eòlas IEC. Mar eisimpleir, tha feum aig a' Bhaccalaureate Albannach ann an Ealain Chruthachail, Cànanan, Saidheans agus Saidheansan Sòisealta air trì dhiofar chùrsaichean, feumaidh dà dhuibh a bhith aig Sàr-Àrd-Ìre agus aon aig Àrd-Ìre. Tha feum aige cuideachd air aonad a' Phròiseact Eadar-chuspaireil, a dh'fhaodadh a bhith na theisteanas leis fhèin. Agus mar-thà ann an colaistean agus oilthighean, thathar ag ath-smaoineachadh air cruth nam measaidhean, air falbh bho aistean thraidiseanta gu measaidhean nas beartaiche is nas cunbhalach a sheallas fàs nan oileanach. Chan e dìreach measadh nan cuspairean fa leth a-mhàin a stiùireas dùnadh na beàirn ruigsinneachd, no a chruthachas an sgiolair, co-fhaireachdainn agus cleachdadh ann an dèiligeadh le dùbhlain ioma-fhillte ùra: faodaidh eòlasan beartach ionnsachadh eadar-chuspaireil a chuideachadh ann an seo a choileanadh.

Tha mothalachd fhathast ann an cuid roinn nach bi an aon ruith-airgid aig IEC airson

luchd-ionnsachaidh is a tha aig ionnsachadh ann an dòighean nas traidiseanta: chan eil fianais ann airson seo, ach 's dòcha gum bi a' mhothalachd seo a' cur bacadh air a' chleachdadh ann an gluasad air adhart nas luaithe.

Ag ionnsachadh le adhbhar, còmhla ri com-pàirtichean

Ann an IEC, tha gu tric cuideam air smaoineachadh an neach-ionnsachaidh a' cruthachadh buaidh math air an t-saoghal mun cuairt orra, no sa choimhearsnachd nas fharsainghe. Tha, nan sùilean, adhbhar fìor-bheatha aige.

Feumaidh an t-adhbhar fìor-bheatha sin a bhith prataigeach, cuideachd - chan ann mu dheidhinn luchd-ionnsachaidh a' cur crìoch air bochdanas an t-saoghail a tha IEC. Ach bidh cothroman aca an ionnsachadh aca a thaisbeanach, uaireannan gu poblach, agus mar sin feumaidh an t-ionnsachadh aca a bhith so-làimhseachadh agus 'airidh' airson shealltainn.

Gus ionnsachadh a chruthachadh a tha airidh air shealltainn, 's dòcha gun ceasnaich sinn dè tha airidh air teagasg: Tha Alba fortanach gu bheil sùbailteachd aice na churraicealam, agus gun robh deasbad nàiseanta aice air dè thathar a' dealbhadh curraicealam Albannach ri choileanadh. Mar sin le bhith cumail a' dol, gun cheist, gus curraicealam a lìonadh leis na bha sinn a' dèanamh o chionn deicheadan, thathar a' caill cothrom smaoineachadh air na tha as cudromaiche. Bu chòir gum bi an curraicealam againn a bhith spionnmhor agus sùbailte gu leòr gus eòlasan ùra a chruthachadh a bheir diosaplainean còmhla ann an dòighean cruthachail, ach tha feum againn cuideachd air luchd-teagasg agus sgoiltean a bhios a' dealbhadh, le amas, an eòlais agus nan sgilean a lìonadh a' churraicealam, aig gach puing.

Airson a' bhuntanais a dhèanamh, bidh feum aig com-pàirtichean làmh chuideachail a thoirt, a' co-roinneadh na beachdan agus dùbhlain aca airson luchd-ionnsachaidh gus dòigh-fhuasglaidh fheuchainn, mar eisimpleir. 'S dòcha gur e buidhnean neo-phrothaid, carthannasan, gnothachaisean, no colaistean agus oilthighean a th' anns na com-pàirtichean. Chan fhaodar a bhith an dùil gum bi luchd-teagaisg nan sàr-eòlaichean anns a h-uile roinn ris a dh'fhaodadh eòlas IEC a bhuntainn, ach faodaidh luchd-ionnsachaidh a chuideachadh ann an ceanglaichean a dhèanamh, a rannsachadh agus obair le lìonradh chom-pàirtichean dorsan a fosgladh air co-theacsa nas beartaiche anns am faodar ionnsachadh.

Chan eil an seòrsa ionnsachadh eòlasach seo furasta airson luchd-teagaisg a stiùireadh nuair a thèid luchd-ionnsachaidh a-staigh dha na bliadhnaichean nas anmoiche àrd-sgoil san latha an-diugh - feumaidh sinn an loidhne-phìoba luchd-ionnsachaidh a leasachadh, aig a bheil na sgilean, beachd-inntinn, agus dùilean, agus aig an aon àm a' saorachadh luchd-teagaisg bho structaran a bhios an aghaidh a' cho-phlanaidh aca. Thig cuideachadh eile airson luchd-teagasg bho leasachadh lìonra nan com-pàirtichean. Chan eil feum aig IEC dìreach airson co-obrachadh eadar com-pàirtichean san t-seòmar-teagaisg aca no san trannsa aca: Tha buaidh mhòr aig Leasachadh Sgioba-obrach Òg (DYW) mar-thà air cosnachadh agus cinn-uidhe matha airson òganaich, ach faodaidh na h-aon com-pàirtichean fhathast a neartachadh na tha dol san t-seòmar-teagaisg cuideachd.

Tha planadh airson ionnsachadh còmhla ri com-pàirtichean a' gabhail ùine, agus ùine far a bheil na daoine ceart timcheall a' bhùird aig an aon àm. Chan e dìreach ullachadh clàr-ama nan luchd-ionnsachaidh a dh'fheumar smaoineachadh air a-rithist, ach feumar ùine sa chlàr-ama gus am faod luchd-teagaisg agus com-pàirtichean eòlasan a cho-dhealbhadh a chur gu aon taobh. Ach tha buaidh nan eòlasan domhain, cruthachail agus tarraingeach seo airson an dà chuid luchd-ionnsachaidh agus luchd-teagaisg nas motha na dùbhlain fìor agus mothaidhte ann am planadh. Aig Oilthigh Obar Tatha, mar eisimpleir, thathar a' cur dà fheasgar gach seachdain gu aon taobh airson fo-cheumnaichean sa chiad agus an dàrna bliadhna gus am faod iad cùrsaichean riatanach roghnachail IEC a ghabhail. Aig Seirbhis In-ghabhaltas agus Sunnd Lodainn an Iar, thathar a' cur ùine planaidh co-obrachail sònraichte san leabhar-latha agus ga chur a-steach gu ullachaidhean ùine obrach an luchd-obrach. Agus tha an t-Seirbhis cuideachd a' cleachdadh sùbailteachd ann an ullachadh clàr-ama an luchd-obrach, suidheachaidhean taobh a-muigh agus air falbh bhon sgoil airson ionnsachadh, a' togail air com-pàirtichean a chaidh a chruthachadh agus a neartachadh gach bliadhna ann an Tachartas Planaidh nan Com-pàirtichean aca.

A' dol air adhart nas fhaide le seo, faodaidh sgoiltean beachdachadh air mar a tha cleachdadh IEC ag eadar-ghèarradh le roghainnean Slighe an Neach-ionnsachaidh: bidh ionnsachadh san àite-obrach, nuair a thathar a' cruthachadh gu math agus a' cho-dhealbhadh còmhla ri luchd-ionnsachaidh agus com-pàirtichean, mar is trice a' cruthachadh eòlas IEC beartach. Tha seo a' toirt luach do òganaich agus don eaconamaidh, a' meudachadh bun-sgilean agus eaconamaidh na dùthcha, ma choimhdeas sinn dhan fheadhainn anns a' Ghearmailt agus an Eilbheis far a bheil a' cur luach air ionnsachadh san àite-obrach san dòigh seo.

Molaidhean

- Faodaidh buidhnean teisteanais beachdachadh air modhan measaidh nas soifhistaigiche, gu h-àraidh iadsan a chuidicheas òganaich a bhith a' sealltainn agus a' comharrachadh am fàs aca. Tha cus fòcas aig measaidhean an latha an-diugh air deuchainnean deireannach agus tha iad a' brosnachadh beachd-inntinn stèidhichte mu shoirbheachas.
- Cha suidh teisteanasan airson chuspairean gu cofhurtail an-còmhnaidh le modhan-obrach ag amas air maighstireachd air cuspair no diosaplain. Ged a chaidh am Baccalaureate Albannach a dhealbhadh gus cothrom a thabhainn gu luchd-ionnsachaidh airson pròiseact eadar-chuspaireil a ghabhail os làimh, faodaidh teisteanasan an seòrsa dhùbhlain seo a ghabhail a-steach nas fharsainghe.
- Far a bheil colaistean, oilthighean agus sgoiltean a' co-obrachadh air barantachaidhean ùra a chruthachadh taobh a-staigh SCQF, tha na tha a' cosg airson an cleachdadh uaireannan toirmeasgach. Feumaidh colaistean agus oilthighean beachdachadh air buaidhean san fhad-ùine a th' aig com-pàirteachadh le co-dhealbharan ann an sgoiltean agus dèanamh cinnteach gu bheil barantachadh ionnsachaidh air prìs reusanta.
- Bu chòir Tùs-Thrèanadh Thidsear iomadh cothrom a ghabhail a-steach gus am faod

luchd-teagasg pàirt a ghabhail ann an co-dhealbhadh agus planadh math IEC, agus eòlas fhaighinn air cur air bonn eòlas IEC.

- Feumaidh na saoghalan gnothachais, poileasaidh phoblach agus foghlam a thighinn còmhla gus tuigsinn dè th' ann an IEC, dè tha an sàs ann an eòlas IEC agus gus luach a chur air na sgilean seo - feumaidh luach a bhith aig an eòlas agus feumar an luach a shealltainn, agus feumaidh solaraichean teisteanais, sòisealtas agus fastaidhearan an luach a thuigsinn. Bu chòir gum bi an calpa a thog DYW a bhith na phrìomh chomasaiche an seo.
- Feumaidh dòighean-obrach airson sgrùdadh air a' churraicealam atharrachadh gus luach IEC a shealltainn. Mar eisimpleir, faodar seo a shealltainn tro Dè Cho Math 'S A Tha Ar Sgoil.
- Thathar a' dealbhadh clàran-ama ann an sgoiltean timcheall air aon neach-teagasg ag obair còmhla ri 20-30 luchd-ionnsachaidh aig aon àm. Chan eil ùine mhòr ann airson luchd-teagasg gus eòlasan IEC a cho-phlanadh agus a dhelbhadh eadar dìosaplainean. Feumar ath-smoineachadh air ullachadh a' chlàir-ama, agus ùine phlanaidh cheart a chruthachadh. Faodaidh co-obrachaidhean stèidhichte air a' churraicealam le Prìomh-thidsearan, luchd-teagasg agus luchd-taic a chur buidheann shònraichte dhiosaplainean sa mheadhan thar ùine.
- Tha S6 a' solarachadh cothrom airson cuid de na h-eòlasan IEC as beartaiche, as doimhne agus as fharsainghe. 'S dòcha gun cuir sgoiltean ùine gu aon taobh agus dùilean a stèidhicheadh airson luchd-ionnsachaidh gus am faod iad na pròiseactan co-obrachail deireannach a dhealbhadh, aig a bheil ciall dhaibh thairis air a' fhaighinn a-steach gu colaiste no oilthigh.

'S e Ionnsachadh a th' ann an IEC

Tuilleadh air “cosnachadh”: smoineachadh domhain agus ionnsachadh domhain

'S e mì-bharail chumanta a th' ann nach e ach obair pròiseict a th' ann an IEC a thèid a dhèanamh às dèidh crìoch a chur air an obair 'trom-chùiseach' de dh'ionnsachadh eòlas agus sgilean. Thathar a' smoineachadh air mar dhòigh airson ionnsachadh daingneachadh, an àite dòigh fhèin airson eòlas agus sgilean ùra ionnsachadh. 'S dòcha gu bheilear a' coimhead air mar inneal airson luchd-ionnsachaidh a chosnadh, nuair a thèid an obair cheart a dhèanamh àiteigin eile.

Chan e sion de sin a th' ann an ionnsachadh eadar-chuspaireil math. 'S e *ionnsachadh* a th' ann an ionnsachadh eadar-chuspaireil - 's e dòigh ionnsachaidh agus smoineachaidh a th' ann agus tha e na dùbhlain airson luchd-ionnsachaidh. Thathar a' pearsanachadh an dùbhlain, leis an neach-ionnsachaidh, agus mar sin tha cosnachadh intrinsigeach nas àirde na eòlas nas traidiseanta, aon fhuasgladh air iomadh ceist. Thathar a' cur piseach air frithealadh ann an sgoiltean le bhith a' cosnachadh anns an dòigh-obrach nas pearsanta agus nas dùbhlanaiche airson ionnsachadh. Thathar a' cur piseach air cosnachadh agus ruigsinneachd cuideachd.

Tha IEC an urrachd ri luchd-ionnsachaidh a' leasachadh cuid sgilean san ùine fhada, ma tha comas aca diofar dhòighean a lorg airson dèiligeadh ri pròiseact no cuspair, leotha fhèin, an àite aon slighe stèidhichte a' tighinn bhon neach-teagasg.

Mar is trice, thathar a' seòrsachadh eòlasan IEC le ionnsachadh froganta, ionnsachadh a dh'fhaodar fhaicinn. Bidh pàirtean de eòlas sam bith a bhios làmhan-sa-pholl agus practaigeach. Tha eòlasan eile a tha gu follaiseach "inntinn-sa-pholl": dèan dealbh de bhùird gheal smaoineachadh nan oileanach, obraichean fo làimh gun crìoch, agus luchd-ionnsachaidh a' beachdachadh tro chòmhradh agus beachdachadh air far a bheil iad a' dol ceàrr, agus cuideachd far a bheil iad a' dol a-nis. Tha seòmraichean teagaisg, agus sgoiltean far a bheil IEC na eòlas stèidhichte cumanta, a' sealltainn cultar institiuideach de smaoineachadh.

Tha feum aig a' chultar smaoineachaidh seo air dealbhadh agus obrachadh air: thathar a' teagasg cleachdaidhean smaoineachaidh do luchd-ionnsachaidh, agus thathar a' toirt chothroman dhaibh gu tric na cleachdaidhean aca a chleachdadh; thathar gam brosnachadh gus freagairtean a lorg thairis air an fhreagairt fhollaiseach no 'cheart'. Chan eil òganaich dìreach ag ionnsachadh mu eachdraidh; ionnsaichidh iad a bhith a' smaoineachadh mar luchd-eachdraidh. Chan eil iad dìreach a' dèanamh saidheans; ionnsaichidh iad a bhith a' smaoineachadh mar luchd-saidheans.

Ionnsachadh co-obrachail, còidseachan nan tidsearan

'S e co-obrachadh na phrìomh phàirt IEC, an dà chuid airson luchd-teagaisg agus luchd-ionnsachaidh. Feumaidh luchd-teagaisg a cho-obrachadh air planadh - tha IEC ag iarraidh co-dhealbhadh agus planadh air builean cumanta còmhla, no chan eilear a' faighinn aig a' cheann thall ach cruinneachadh cugallach de chuspairean ag obair gu do-lèirsinneach air thèama, gun toineasg 'coileanaidh' airson luchd-ionnsachaidh. Feumaidh luchd-ionnsachaidh co-obrachadh gus ionnsachadh bho ro-eòlas càch a chèile, gus meantoradh co-aoisean càch a chèile air sgilean a thoirt pròiseactan a bhith.

Agus nuair nach eil fios aca ciamar a thig iad thairis air na cnapan-starra aca, tha feum aca air coidse an àite tidsear airson cuideachadh ann an leum: ag innse, a' brosnachadh, a' meantoradh bho inbhich san t-seòmar, a dh'fhaodar a ciallachadh ullachadh nas cruthachail a' chlàir-ama agus buidhneachadh luchd-ionnsachaidh. 'S dòcha gu bheil seo a' ciallachadh buidhnean nas motha, ann an àitichean nas motha, nas sùbailte, le barrachd inbhich air làimh. Ma dh'fhaoidte gu bheil feumach air measgachadh de sgilean nan inbheach: luchd-teagaisg, luchd-taic, com-pàirtichean bho taobh a-muigh na sgoile agus saor-thoilich.

Mar sin tha nas lugha de labhairt ris a' chlas air fad bhon tidsear na tha ann an seòmar teagaisg thraidiseanta, air sgàth 's gu bheil fios aig gach duine anns an t-seòmar ciamar agus cuin a bu chòir dhaibh obair còmhla, leotha fhèin, ann an suidheachaidhean taobh a-muigh no aig astar. 'S e in-ionmhas oidhirp a th' ann an togail seata sgilean òganaich agus na tidsearan aca gus ionnsachadh a stiùireadh thairis air an t-seòmar teagasg agus bu chòir seo maireann thar èiginn sam bith: faodaidh e comas fhosgladh airson pròiseactan nas doimhne, nas

fharsainghe airson òganaich airson greisean nas fhaide.

Amasan co-roinnte, seach amasan deachdaichte

Nuair a thathar ag obair còmhla no nan aonar, feumaidh dealbh cunbhalach a bhith aig òganaich nan inntinnean air far a bheil iad a' dol, air an amas ionnsachaidh. Far a bheil, ann an seòmar teagaisg thraidiseanta, na h-iuchraichean airson an ath-cheum aig an neach-teagaisg, ann an suidheachadh IEC faodaidh gach neach-ionnsachaidh mìneachadh na tha iad ag ionnsachadh an-diugh, agus carson. Tha seo a' ciallachadh nach eil planadh cho loidhneach 's a bhios e ann am planadh àbhaisteach nan aonaid, agus tha e nas coltaiche gum bi e coltach ri planadh airson cnàmh-sgeul: “ma nì an luchd-ionnsachaidh seo, 's dòcha gun tèid sinn anns an dòigh seo...” Anns a' phlanadh aca, feumaidh co-aighe a bhith aig luchd-teagasg ri brosnachaidhean an luchd-ionnsachaidh taobh a-staigh a' cho-theacsa, leasachadh sgilean no buairidhean ris a bheil iad an dùil agus obrachadh a-mach na h-àitichean as buailtiche far am feumar am plana atharrachadh.

Mar sin, 's dòcha gum bi e doirbh ro-innse gu deimhinn ma thèid thairis air a' churraicealam slàn taobh a-staigh suidheachadh IEC. Ann an oidhirp airson barrachd deimhinn fhaighinn, chunnaic sinn cuid eòlasan IEC fo bhacadh na h-Eòlasan agus Builean a “thèid gu math còmhla”, agus tha roinnean a' churraicealaim eile nach eil iomchaidh airson gabhail a-steach ann an eòlas IEC. Chan eil na tha 'dèanta' a rèir an tidsear, ge-tà, an-còmhnaidh an aon rud ri na tha 'air ionnsachadh' leis an oileanach. Nuair a tha an siostam Albannach ag amas air luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh ann an co-dhealbhadh na slighe ionnsachaidh aca fhèin, tha feum ann air sealltainn air 'solarachadh' bho sealladh an oileanach an àite a' chlàir-oideachaidh. Chan eil an amas ionnsachaidh stèidhichte airson buidheann de 30 luchd-ionnsachaidh, a chleachd sinn airson dheicheadan, co-chòrdail ri sùbailteachd slighean ionnsachaidh a' fàs nas pearsanta. Agus nuair a tha an dà chuid sgilean agus cothroman gus an roghainn pearsanta sin a chleachdadh aig luchd-ionnsachaidh, soirbhichidh iad. Ged a tha pàirt de na gnìomhan a dhìth air meudachadh sùbailteachd slighe an neach-ionnsachaidh siostamach, tha tòrr a rèir na tha dol san t-seòmar-teagaisg agus ann an ullachadh sgilean thar ùine.

Molaidhean

- Tha ana-creideas fhathast ann mu dheidhinn dè cho math 's a tha an t-ionnsachadh a thèid a dhèanamh san àrd-sgoil tro eòlasan IEC. 'S dòcha gum beachdaich colaistean agus oilthighean air co-obrachadh còmhla ri luchd-teagasg gus tomhais a dhèanamh air buaidh agus feumalachdan airson eòlasan IEC sàr-mhath.
- Tha an dealas do IEC mì-chothromach thar sgoiltean agus Ùghdarrasan Ionadail. Feumar an ùine, trèanadh, innealan agus goireasan a chur ann gu h-ionadail, gu sgèireil agus gu nàiseanta gus am faod luchd-teagasg agus luchd-stiùiridh dìorras agus tuigse fhaighinn airson na tha

comasach. Feumaidh prògraman proifeasanta airson Sgrùdadh is Leasachadh a ghabhail a-steach anailis mionaideach air feumalachdan an luchd-teagasg gus an cleachdadh aca a leasachadh.

- Chan ann dìreach mu dheidhinn structaran agus cur air bonn a tha IEC, agus chan ann mu dheidhinn planadh: tha feum aige air luchd-teagasg aig a bheil sgilean ann an co-obrachadh agus lìbhrigeadh, le dòighean-obrach a chuidicheas luchd-ionnsachaidh ionnsachadh domhain a ghabhail os làimh. Tha feum againn air prògram nàiseanta làidir airson trèanadh a bharrachd, agus cuideam nas làidire air tùs-thrèanadh thidsear agus luchd-teagasg agus na bliadhnaichean obrach an toiseach, a' gabhail a-steach teagasg ann an sgioba agus ionnsachadh co-obrachail.
- 'S dòcha gum feumar ath-bheachdachadh air àrainneachd fiosaigeach na sgoile, le barrachd cuideam air a chur air inntrigeadh nas fhasa airson luchd-ionnsachaidh ri na buairidhean agus rannsachadh bhon eadar-lìon. Tha àrainneachdan ionnsachaidh an taobh a-muigh cuideachd a' toirt chothroman airson ionnsachadh eadar-dhealaichte, dòighean-obrach eadar-dhealaichte airson ionnsachadh.
- Faodaidh sgoiltean a thogail na cothroman gun-IEC airson dòighean-obrach nas stèidhichte air sgiobaidhean agus co-obrachadh, gus misneachd agus seataichean sgile a thogail. Feumaidh luchd-stiùiridh a dhèanamh cinnteach gu bheil sùbailteachd ann tro phearsanachadh agus roghainn le àite airson cruthachalachd.
- Tha obair leantail each aig sgoiltean ann am fios a thoirt do phàrantan agus com-pàirtichean a thaobh buaidhean IEC agus leasachadh sgilean, agus a' coimhead gu froganta airson cosnachadh bho phàrantan agus com-pàirtichean ann am planadh.

A' ruigsinn àrd-amasan, a' gabhail a-steach chothroman agus a' togail misneachd

Tha dùbhlann a' toirt ionnsachadh àrd-amasach gu buil, a' fosgladh chothroman

Tha ionnsachadh aoibhneil nuair a tha luchd-ionnsachaidh an sàs ann an eòlas IEC. Chan eil seo a' ciallachadh gu bheilear a' gaireachdainn gach mionaid. 'S e spòrs cruaidh a th' ann an ionnsachadh aoibhneil, a' ciallachadh gu bheil sgil an luchd-teagasg ann an dùbhlann a thoirt seachad aig an ìre cheart na prìomh rud, agus gu bheil na sgilean ceasnachaidh an dà chuid luchd-teagasg agus luchd-ionnsachaidh ag obair beagan nas fhaide na an turas mu dheireadh. Tha seo a' ciallachadh gum feum luchd-ionnsachaidh agus luchd-teagasg amasan ionnsachaidh a cho-roinneadh agus a cho-rèiteachadh. Faodaidh luchd-ionnsachaidh seo a dhèanamh nuair a tha fios aca, mar sin bho tràth bhliadhnaichean tro bhun-sgoil gu àrd-sgoil, tha e riatanach gu bheil sgoiltean a' togail a' churraicealaim smaoinichaidh aca cho math ris a' churraicealaim susbaint aca.

Feumaidh fios a bhith aig luchd-ionnsachaidh aig aois sam bith air mar a cho-dheilbh iad clachan-mìle agus slatan-tomhais airson soirbheachas tro eòlas IEC, gu sònraichte na pròiseactan a bhios a' fàs ann an doimhneachd, farsaingeachd agus fad. Bidh e nas fhasa do luchd-teagasg comas airson clachan-mìle mùiteach a mhothachadh airson luchd-

ionnsachaidh eadar-dhealaichte le bhith a’ planadh ri chèile ro làimh agus a’ sgrùdadh adhartas ann an eòlas IEC troimhe. Nì ais-moladh eadar luchd-ionnsachaidh, agus eadar luchd-ionnsachaidh agus tidsearan frèam airson luaths agus sgòp na tha tighinn às a dhèidh. ’S e seo an seòrsa planadh a chuireas am pàiste dha-rìribh aig meadhan leasachadh a’ churraicealaim agus a ghabhas grèim air na cothroman a chaidh a thogail le ùidhean agus taisgealaidhean an luchd-ionnsachaidh ann an ionnsachadh.

A’ togail misneachd tro chànan cho-roinnte

’S e ceist theicnigeach a th’ ann an mar a thèid IEC a teagasg is a planadh, aig a bheil iomadh freagairt a rèir a’ cho-theacsa agus eòlas a th’ aig an luchd-ionnsachaidh agus an luchd-teagaisg. Tha modailean deuchainniche airson planadh airson ionnsachadh: cuairtean dheilbh, planadairean, ‘daoimeanan dùbailte’. Ach tha luachan cumanta a dh’fhaodadh an obair seo a stiùireadh. Ann an Sgoil-ealain Ghlaschu, mar eisimpleir, ’s e prìomh phàirt ionnsachaidh a th’ ann an eòlasan IEC, air an stiùireadh le cuid prìomh prionnsabalan teagaisg: Dà-sheaghachas, Àite Co-roinnte, Còmhradh agus a’ Dèanamh Beachdan So-bheanaileach Ge bith dè na diosaplainean an sàs, cleachdaidh luchd-ionnsachaidh agus luchd-teagaisg uile na prionnsabalan ann am planadh agus toirt gu buil pròiseactan.

Molaidhean:

- Faodaidh luchd-stiùiridh biurocrasaidh lùghdachadh mura h-eil e aig cridhe leasachadh nan sgilean agus deilbheadh eòlasan a nì drochaid eadar saidhleothan diosaplaineach.
- Faodaidh luchd-stiùiridh in-ionmhas a dhèanamh ann an ùine ionnsachaidh proifeasanta gus tuigse co-roinnte a chruthachadh air planadh agus toirt gu buil eòlasan IEC, agus ann an taic bhon taobh a-staigh ma tha seo a dhith gus cùisean a tòiseachadh.
- Faodaidh Foghlam Alba innealan, goireasan agus prionnsabalan a cho-chruthachadh, pileat a dhèanamh agus eisimpleirean a cho-roinneadh air mar a tha sgoiltean a’ brosnachadh miann-adhartais tro leasachadh eòlasan IEC osgarach.
- Faodaidh tidsearan agus luchd-teagasg fa leth rannsachadh le agus co-roinneadh an àite ionnsachaidh, clàr-ama agus innealan planaidh IEC aca còmhla ri co-obraichean ann an co-theacsaichean coltach.
- Faodaidh Ùghdarrasan Ionadail dòighean-obrach cruthachail aithneachadh agus brosnachadh airson ullachadh an clàr-ama, planadh san àite agus airson ionnsachadh a chuireas ri eòlasan IEC osgarach.

Iomraidhean

Comhairle Dealbhachaidh What is the framework for innovation? Design Council's evolved Double Diamond. Air luchdadh a-nuas air 1d Cèitean, 2020: <https://www.designcouncil.org.uk/news-opinion/what-framework-innovation-design-councils-evolved-double-diamond>

Epstein, D. (2019) *Range: How Generalists Triumph in a Specialized World*. Macmillan.

Graham, C. (2019) *Pillars, lintels and foundations: A conference starting paper*. Comann Rìoghail Dhùn Èideann. https://www.rse.org.uk/wp-content/uploads/2018/10/RSE-IDL-Conference_Introduction-Pàipear-2019.pdf

Heikkinen, K., (2018). Studio-Based Higher Education for T-shaped Knowledge Workers: A Summary of a Doctoral Thesis. *Education in the North*, 25(3), pp. 123-129.

Huang, R.H., Liu, D.J., Tlili, A., Yang, J.F., Wang, H.H., et al. (2020). Handbook on Facilitating Flexible Learning During Educational Disruption: The Chinese Experience in Maintaining Undisrupted Learning in COVID-19 Outbreak. Beijing: Smart Learning Institute of Beijing Normal University

Jacobs, H. (1989). *Interdisciplinary Curriculum: Design and Implementation*. Air a thogail bho <http://files.eric.ed.gov/fulltext/ED316506.pdf>

Li, C. and Lalani, F. (2020) The COVID-19 pandemic has changed education forever. This is how., *Agenda*, World Economic Forum. Air luchdadh a-nuas air 29mh an Giblean, 2020: <https://www.weforum.org/agenda/2020/04/coronavirus-education-global-covid19-online-digital-learning/>

Saviano, M., Polese, F., Caputo, F. & Wallezky, L. (2016). A T-shaped model for rethinking higher education programs. Pàipear na Co-labhairte: 19th Toulon-Verona International Conference "Excellence in Services", Huelva

Churraicealaim airson Sàr-mhathais na h-Alba(2019). Air luchdadh a-nuas air 18mh an Ògmhios, 2020: <https://scotlandscurriculum.scot/>

Scotland Future Forum (2019) *Scotland 2030 Future Schooling*. Air luchdadh a-nuas air 12 an Giblean: <https://scotlandfutureforum.org/scotland2030-future-schooling>

Riaghaltas na h-Alba (2020) *Scotland's careers strategy: moving forward*. Air luchdadh a-nuas air 12mh am Màrt, 2020: <https://www.gov.scot/publications/scotlands-careers-strategy-moving-forward/pages/6/>

Leasachadh sgilean na h-Alba (2019b) *A Human Future, Strategic Plan 2019-2022*. Air

luchdadh a-nuas air 8mh an Giblean, 2020:

<https://www.skillsdevelopmentscotland.co.uk/media/45753/a-human-future-strategic-plan-2019-2022.pdf>

Singapore American School. Catalyst Project:

<https://www.sas.edu.sg/academics/high/catalyst>

Comann Rìoghail Dùn Èideann (2019) *Conference Report Interdisciplinary Learning: Creative Thinking for a Complex World*. Air luchdadh a-nuas air 20 Màrt, 2020:

<https://www.rse.org.uk/event/interdisciplinary-learning-creative-thinking-for-a-complex-world/>

Comann Rìoghail Dhùn Èideann (2020) *Advice Paper: Interdisciplinary Learning*. Air luchdadh a-nuas air 16mh Cèitean, 2020: http://www.rse.org.uk/wp-content/uploads/2020/02/RSE_IDL_February2020.pdf

Thorburn, M. (2017). Dewey, democracy, and interdisciplinary learning: a Scottish perspective. *Oxford Review of Education*, 43(2), 242-254. doi:10.1080/03054985.2017.1284657

XP School, Doncaster. *About Our School*. Air luchdadh a-nuas air 4mh Cèitean, 2020:

<https://vimeo.com/176282794>

Zhao, Y. (2020) Tofu is not Cheese: Reimagine Education without Schools During Covid19 (1). Air luchdadh a-nuas air 2na Cèitean, 2020:

<http://zhaolearning.com/2020/04/07/tofu-is-not-cheese-reimagine-education-without-schools-during-covid19-1/>

Com-pàirtichean anns an Sgioba Co-Dhealbhadh

Sarah Abenheimer, Leas-cheannard-sgoile, Acadamaidh Inbhir

Narainn, Gàidhealtachd Jane Arthur, Prìomh Oifigear

(Curraicealam), Comhairle Baile Ghlaschu

Kirsty Ayed, Ceannard-sgoile, Àrd-Sgoil Pàirc an Rìgh

Marie-Louise Brogan, Ceannard-sgoile, BS Naomh Mata, Drochaid an Easbaig, Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Ear

Jonathan Christie, The Wood Foundation

David Clifford, Prìomh-thidsear Ealain, Ceòl, FC & Danns, Acadamaidh Alva, Comhairle Siorrachd Chlach Mhanainn

John Cloherty, Ceannard-sgoile, Bun-sgoil Southdale, Lodainn an Iar

Maxine Cowie, Prìomh-thidsear, Bun-sgoil Gullane, Lodainn an Ear

Andy Creamer, Leas-cheannard-sgoile, Acadamaidh Grove, Dùn

Dèagh

Farah Crook, Ceannard-sgoile, Bun-sgoil & ELC Lannraig, Siorrachd Lannraig a Deas

Lesley-Anne Dick, Ceannard-sgoile, Bun-sgoil agus Clas ELCC Our Lady of Peace, Siorrachd Rinn Friù

Gayle Duffus, Foghlam Alba

Julia Fenby, Oifigear an Fhoghlaim, Foghlam Alba

Joanna Findlay, Ceannard-sgoile, Bun-sgoil Woodburn, Lodainn

Mheadhanach Stewart Gallacher, Tidsear Oileanach (Bun-sgoil),

Oilthigh Sruighlea Hazel Gardiner, Oifigear Foghlam (STEM),

Foghlam Alba

Katie Gardiner, Leas-cheannard-sgoile An Gniomh, Seirbheis In-ghabhaltas agus

Sunnd, Lodainn an Iar Seán Hagney, Ceannard-sgoile, Acadamaidh CR Naomh

Eòin, Peairt is Ceann Rois

Gaenor Hardy, Ceannard-sgoile, Bun-sgoil agus EYC Heathfield,

Siorrachd Àir a Deas Sinem Hizli Alkan, Òraidiche ann am Foghlam,

Oilthigh Sruighlea

Mark Holden, Teicneolas CLT, Àrd-sgoil Coimhearsnachd Drumainn, Dùn Èideann
Campbell Hornel, Ceannard-sgoile, Àrd-sgoil Lasswade, Lodainn
Mheadhanach

Georgea Hughes, The Wood Foundation

Julie Jamieson, Oifigear an Fhoghlaim, Foghlam Alba

Barbara Jones, Ceannard-sgoile, Sgoil Hazlehead, Baile Obar

Dheathain Donna Kirkwood, Oifigear Taic a' Churraicealam,
Siorrachd Àir an Ear Ryan Laird, Leas-cheannard-sgoile, Àrd-
sgoil Obar Bhrothaig, Aonghas Jill Lothian, Ceannard-sgoile,
Àrd-sgoil Kelso, Na Crìochan

Joan Mackay, Ceannard Ùr-ghnàthachas a' Churraicealaim, Foghlam

Alba Graeme Mayes, Leas-cheannard-sgoile, Bun-sgoil Balfron,

Sruighlea Elizabeth McGuire, Àrd-Oifigear an Fhoghlaim, Foghlam

Alba

Ewan McIntosh, CEO, NoTosh

David Miller, Stiùiriche, Sgoil Ùr-ghnàthachas NuVu, Sgoil Ùr-ghnàthachas

Kelvinside Doreen Redford, Ceannard-sgoile, Acadamaidh Obar Bhrothaig,

Aonghas

Scott Ritchie, Oileanach; RMPS / Tidsear Beurla, Oilthigh Sruighlea

Alison Robertson, Oifigear Churraicealaim airson Sàr-mhathais (Àrd-sgoil),

Siorrachd Obar Dheathain Rachael Smith, Ceannard-sgoile, Bun-sgoiltean

Newmill agus Botriphnie, Moireibh

Liz Sommerville, Foghlam Alba

Mairi Thomson, Oifigear Foghlaim (STEM), Foghlam Alba

Mandy Toogood, Leasachadh Sgilean na h-Alba

